National Qualifications 2025

X831/77/11

Gaelic (Learners) Reading and Translation

THURSDAY, 22 MAY

9:00 AM – 10:30 AM

Total marks — 50

SECTION 1 — READING — 30 marks

Attempt ALL questions.

Write your answers clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the question number you are attempting.

SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks

Attempt to translate the whole extract.

Write your translation clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet, you must clearly identify the section number you are attempting.

You may use a Gaelic dictionary.

Use **blue** or **black** ink.

Before leaving the examination room you must give your answer booklet to the Invigilator; if you do not, you may lose all the marks for this paper.

SQA ©

SECTION 1 — READING — 30 marks

Attempt ALL questions

Read the whole article carefully and then answer, in **English**, ALL the questions that follow.

This article is about the Gaelic language in Aberdeen.

Gàidhlig Obar Dheathain

’S e Obar Dheathain an treas baile as motha ann an Alba a rèir meud an t-sluaigh às dèidh Glaschu agus Dùn Èideann. Tha e air cliù a chosnadh dha fhèin tro ghnìomhachas na h-ola anns na bliadhnaichean mu dheireadh agus tha e ga aithneachadh mar phrìomh bhaile airson ola agus gas anns an Roinn Eòrpa. Baile eadar-nàiseanta a tha a’ tàladh dhaoine bho iomadh ceàrnaidh den t-saoghal. Tha thu cho buailteach Pòlais, Arabais agus Ruisis a chluinntinn gam bruidhinn air na sràidean ’s a tha thu Fraingis, Spàinntis agus Gearmailtis. Ach dè mu dheidhinn na Gàidhlig?

Tha cuid a’ cumail a-mach nach eil buntanas idir aig a’ Ghàidhlig ri Siorrachd Obar Dheathain ach tha eachdraidh a’ sealltainn nach eil seo fìor idir. Dè an t-àite a bha agus a bhios aig a’ Ghàidhlig anns a’ cheàrnaidh seo anns an àm ri teachd? Tha Gàidhlig air a bhith ann an Obar Dheathain airson ceudan de bhliadhnaichean agus uaireannan bidh daoine a’ dìochuimhneachadh gun robh Gàidhlig ga bruidhinn ann an Obar Dheathain, agus gu bheil eachdraidh fhada agus cudromach aig Gàidhlig sa cheàrnaidh seo.

Tha obair agus foghlam air a bhith a’ tàladh iomadh Gàidheal dhan bhaile rè nam bliadhnaichean. Tha feadhainn ag ràdh gu bheil e tòrr nas fheàrr a bhith ann am baile nach eil buileach cho mòr ri Dùn Èideann no Glaschu far a bheil, a rèir cuid, cus solais, cus dhaoine agus cus chàraichean.

Chan ann dìreach anns an linn seo a tha Gàidheil air a bhith a’ tighinn a dh’Obar Dheathain. Anns an ochdamh linn deug bha am baile a’ cosnadh cliù dha fhèin le gnìomhachas eile — cuaraidhean cloiche. Dh’fhosgail cuaraidh Rubislaw ann an 1740 agus thar dà cheud bliadhna chaidh còrr is sia millean tunna de chlach-ghràin a chladhadh às. Chaidh a’ mhòr-chuid de bhaile Obar Dheathain a chruthachadh leis a’ chloich a thàinig a-mach às agus thàinig ceudan de Ghàidheil a dh’obair anns na cuaraidhean. Ann an 1785 bha mu mhìle Gàidheal ann an Obar Dheathain, faisg air còig sa cheud de shluagh a’ bhaile aig an àm. Tha Caol-Shràid na Gàidhlig ann am meadhan a’ bhaile. Tha taigh-bìdh ann an-diugh, ach nuair a chaidh an togalach seo an-àird aig deireadh na h-ochdamh linn deug b’ e eaglais Ghàidhlig a bh’ innte. Chaidh an eaglais a thogail airson nan Gàidheal a bha ag obair sa bhaile.

Anns na làithean a chaidh seachad bha Obar Dheathain mar a dh’aithnicheas sinn e an-diugh air a dhèanamh an-àirde de dhà sgìre — seann Obar Dheathain aig beul Abhainn Dheathain agus Obar Dheathain Nuadh aig beul Abhainn Dhè far an robh an t-iasgach. Bha oilthigh anns gach sgìre aig àm far nach robh ach a dhà ann an Sasainn air fad — Oxford agus Cambridge — Colaiste Mharischal anns an sgìre ùir agus Colaiste an Rìgh ann an seann bhaile Obar Dheathain.

B’ e an t-Easbaig Elphinstone a stèidhich Oilthigh Obar Dheathain ann an 1495. Chan eil fhios an robh Gàidhlig aige ach ’s cinnteach gun robh tuigse agus eòlas aige air cho cudromach ’s bha an cànan timcheall na sgìre. Chithear seann Ghàidhlig air a sgrìobhadh air oir na tuama aige, rudeigin a tha gu math sònraichte agus tha e a’ sealltainn do dhaoine gun robh Gàidhlig ann an Obar Dheathain agus gun robh Gàidhlig cudromach dhan sgìre.

Ach tha fianais gu bheil eachdraidh na Gàidhlig anns an sgìre seo a dol nas fhaide air ais buileach, cho fad air ais ’s a ghabhas, chun a’ chiad leabhar a-riamh le Gàidhlig Albannach sgrìobhte ann, Leabhar Dhèir. Chaidh an leabhar a sgrìobhadh le manaich anns an deicheamh linn. ’S e Laideann an cànan as motha a th’ ann ach cuideachd chithear notaichean Gàidhlig air a sgrìobhadh air oir nan duilleagan, agus ’s e na notaichean sin a tha cho sònraichte agus cho cudromach do sgoilearan. Tha an leabhar an-diugh anns an leabharlann ann an Oilthigh Chambridge ach ’s ann an ear-thuath na h-Alba a chaidh a sgrìobhadh. Tha an leabhar a’ toirt dhuinn dealbh air cò ris a

bha beatha dhaoine coltach anns an ear-thuath còrr is mìle bliadhna air ais. Beatha far an robh a' Ghàidhlig na cànan làitheil.

Thachair rud sònraichte a thug buaidh mhòr air a' Ghàidhlig ann an Alba ann an 1872 nuair a thàinig Achd Foghlam a-steach. Thuirt an Achd seo gun robh e riatanach do chloinn air feadh na dùthcha a bhith a' faighinn foghlam ach cha robh e ceadaichte dhan chloinn a bhith a' cleachdadh Gàidhlig. 'S ann a bha a' chlann air am peanasachadh ma bha iad ga bruidhinn anns an sgoil agus tha buaidh na h-Achd air leantainn tro na linntean. Ged nach eil fios againn le cinnt cuin a sguir Gàidhlig a bhith na cànan làitheil ann an Siorrachd Obar Dheathain, chaochail an tè mu dheireadh a bha a' bruidhinn Gàidhlig sgìre Obar Dheathain ann an 1984 ann am Bràigh Mhàrr.

Ach ann an 1991 dh'fhosgail a' chiad aonad Gàidhlig sa bhun-sgoil anns a' bhaile agus thathas a-nis a' comharrachadh còrr is 25 bliadhna de dh'fhoghlam Gàidhlig ann an Obar Dheathain. Bha seachdnar leanabh innte nuair a dh'fhosgail an sgoil, ach an-diugh tha còrr is ceathrad a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. A bharrachd air sin tha cròileagan ann agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn ann an àrd-sgoil sa bhaile. Tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Obar Dheathain air ginealach ùr a chruthachadh a tha fileanta sa chànan anns an ear-thuath.

Tha a' chuibhle air car a chur airson na Gàidhlig ann an Obar Dheathain.

MARKS

Questions

Re-read lines 1–6.

1. What does the writer say about Aberdeen's reputation as a city? **2**

Re-read lines 7–12.

2. (a) What questions does the writer raise in relation to Gaelic in Aberdeenshire? **2**

(b) What comment does the writer make about Gaelic in this area? State any **two** things. **2**

Re-read lines 13–25.

3. (a) What does the writer say about work and education? **1**

(b) Why do some people prefer Aberdeen to other Scottish cities? **2**

4. What impact did the quarry industry have on the number of Gaels in Aberdeen? State any **two** things. **2**

5. The writer mentions Gaelic Lane in the city centre. What information do they give about the history of this area? **2**

MARKS

Questions (continued)

Re-read lines 26–35.

6. What comparison does the writer make between Aberdeen and England? **1**

7. What does the writer say about the tomb of Bishop Elphinstone? **2**

Re-read lines 36–44.

8. The writer mentions one of the first and oldest books written in Gaelic; The Book of Deer. What information do they give about the book? State any **three** things. **3**

Re-read lines 52–59.

9. What does the writer say about Gaelic education in Aberdeen more recently? State any **three** things. **3**

10. Explain what the writer means by the final sentence in the passage. **1**

Now consider the article as a whole.

11. What is the writer's overall purpose in writing about this subject? Justify your response with close reference to the points made and the language used. **7**

SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks

12. Translate the underlined section into English: (lines 45–51) **20**

Thachair rud sònraichte . . . ann am Bràigh Mhàrr.

[END OF QUESTION PAPER]

[OPEN OUT]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE